

FOR OFFICIAL USE

--	--	--	--	--	--

G

--

Total Mark

1220/406

TEASTEANAIS
NÀISEANTA
2007

FRIDAY, 25 MAY
3.00 PM – 3.30 PM

GÀIDHLIG
An Ìre Choitcheann
Meadhan Ìre
Èisteachd

Fill in these boxes and read what is printed below.

Full name of centre

--

Town

--

Forename(s)

--

Surname

--

Date of birth

Day Month Year

--	--	--	--	--	--	--	--

Scottish candidate number

--	--	--	--	--	--	--	--	--	--

Number of seat

--

Tha dà earrainn anns an deuchainn.

Earrann A

Èist ris an earrainn.

Leugh na ceistean.

Cluinnidh tu an earrann a-rithist, ann an dà phàirt, agus na ceistean airson gach pàirt.

Èist a-rithist; faodaidh tu notaichean a dhèanamh.

Freagair na ceistean: comharraich bogsa no sgrìobh do fhreagairt anns a' bheàrn.

Earrann B

Cluinnidh tu an earrann dà thuras.

Èist gu faiceallach.

Leugh na ceistean.

Èist a-rithist; faodaidh tu notaichean a dhèanamh.

Freagair na ceistean: comharraich bogsa no sgrìobh do fhreagairt anns a' bheàrn.

Mus fàg thu seòmair na deuchainne feumaidh tu an leabhar seo a thoirt don fhreiceadan. Mur dèan thu seo tha thu ann an cunnart do chomharraidhean air fad a chall.



CEISTEAN

Earrann A

Pàirt I

1. Cò bha a' campachadh còmhla ri Seonaidh?

dithis bhràithrean agus dithis pheathraichean	
dithis pheathraichean agus a phàrantan	
dithis bhràithrean agus a phàrantan	

1

2. Càite an robh iad?

1

3. Ciamar a shiubhail iad à Glaschu a Shasainn?

1

4. (a) Cò ris a bha am bàta coltach a rèir Sheonaidh?

1

- (b) Ainmich trì rudan a bha air bòrd a' bhàta.

3

5. Dè an dà rud a bha diofraichte do athair Sheonaidh a thaobh an dràibhidh?

2

Pàirt II

6. Carson a bha uallach air màthair Sheonaidh?

2

7. Carson nach robh seo na dhuilgheadas sam bith?

2

8. Dè na bha aca ri dhèanamh mus deach iad dhan leabaidh?

2

9. Ainmich trì goireasan a bha aca anns an ionad-champachaidh.

3

10. Dè tha sealltainn cho math 's a chòrd na làithean-saora ris an teaghlach?

2

[20]

[Tionndaidh an duilleag

Earrann B

1. Càite an robh Amy air na làithean-saora?

2

2. Dè an rud a b' fheàrr a chòrd ri Amy nuair a bha i ann?

2

3. Dè bha aig a h-uile duine ri thoirt leotha a' falbh a champachadh?

3

4. Dè dh'fheumadh iad a chur orra?

2

5. (a) Ciamar a gheibheadh iad gu ceann shuas an locha?

1

(b) Ciamar a bha iad a' dol a thilleadh an ath latha?

1

6. Dè rinn iad nuair a ràinig iad?

3

7. Dè rinn iad an dèidh dhaibh am biadh a ghabhail?

2

8. Dè an t-uallach a bha air Amy?

2

9. Ciamar a bha iad a' faireachdainn a' tilleadh dhan ostail?

2
(20)
[40]

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]

[DUILLEAG FHALAMH]

[DUILLEAG FHALAMH]

[DUILLEAG FHALAMH]

1220/407

TEASTEANAIS
NÀISEANTA
2007

FRIDAY, 25 MAY
3.00 PM – 3.30 PM

GÀIDHLIG
An Ìre Choitcheann
Meadhan Ìre
Èisteachd

This paper must not be seen by any candidate.

The material overleaf is provided for use in an emergency only (eg the recording or equipment proving faulty) or where permission has been given in advance by SQA for the material to be read to candidates with additional support needs. The material must be read exactly as printed.



(The passage below should be read in approximately 2 minutes.)

EARRANN A

Tha dithis còmhla rinn an-diugh a tha a' dol a dh'innse mar a chuir iad seachad greis de na làithean saora a' campachadh. An toiseach, Seonaidh.

Pàirt I

Hai! An-uiridh, bha mi fhèin, mo dhithis bhràithrean agus mo phàrantan a' campachadh anns an Fhraing airson dà sheachdain agus abair gun do chòrd e ris a h-uile duine againn. Thug m' athair an càr sìos à Glaschu gu ceann a deas Shasainn agus ghabh sinn bàt'-aiseig às an sin gu Roscoff ann an taobh tuath na Frainge. Agus abair bàt'-aiseig! 'S ann a bha i coltach ri baile beag le bùithtean, àiteachan-bidhe, taigh-dhealbh, rùm-gheamannan agus fiù's gruagaire!

An dèidh trì uairean a thìde, ràinig sinn Roscoff agus cha b' fhada gus an robh sinn air an rathad. Bha e gu math annasach dha m' athair a bhith a' dràibheadh air an làimh dheis agus a bhith a' leughadh shoidhnichean-rathaid ann am Fraingis. Ach rinn e an gnothach gun trioblaid sam bith.

Pàirt II

Bha e dubh, dorcha nuair a ràinig sinn an t-ionad-campachaidh agus bha uallach mòr air mo mhàthair gum biodh e doirbh dhuinn an teanta a chur suas. Ach, bha an teanta suas romhainn agus abair teanta! Bha àite-cadail suas aon taobh le leapannan agus air an taobh eile bha frids, preasa, cucair, bòrd agus sèithrichean. Cha robh againn ach na pocannan-cadail againn a lorg agus leum dhan leabaidh.

Anns a' mhadainn, bha a' ghrian a' deàrrsadh agus fhuair sinn cothrom deagh shùil a ghabhail mun cuairt an ionad-campachaidh. Bha a h-uile goireas againn – dà amar-snàmh, locha le bàtaichean beaga agus iasgach, baidhsagalan air mhàl, àiteachan-bidhe, bùth agus rùm le diofar gheamannan. Cha robh fios againn càite an tòisicheamaid! Cha robh an dà sheachdain fada a' dol seachad. Chòrd e ris a h-uile duine cho math 's gu bheil sinn am beachd tilleadh an ath-bhliadhna.

* * *

(After a gap of 2 minutes, read Parts I and II and the associated questions, allowing time gaps as indicated in italics.)

Pàirt I

Hai! An-uiridh, bha mi fhèin, mo dhithis bhràithrean agus mo phàrantan a' campachadh anns an Fhraing airson dà sheachdain agus abair gun do chòrd e ris a h-uile duine againn. Thug m' athair an càr sìos à Glaschu gu ceann a deas Shasainn agus ghabh sinn bàt'-aiseig às an sin gu Roscoff ann an taobh tuath na Frainge. Agus abair bàt'-aiseig! 'S ann a bha i coltach ri baile beag le bùithtean, àiteachan-bidhe, taigh-dhealbh, rùm-gheamannan agus fiù's gruagaire!

An dèidh trì uairean a thìde, ràinig sinn Roscoff agus cha b' fhada gus an robh sinn air an rathad. Bha e gu math annasach dha m' athair a bhith a' dràibheadh air an làimh dheis agus a bhith a' leughadh shoidhnichean-rathaid ann am Fraingis. Ach rinn e an gnothach gun trioblaid sam bith.

(10 seconds)

CEISTEAN

1. Cò bha a' campachadh còmhla ri Seonaidh?

dithis bhràithrean agus dithis pheathraichean, no

dithis pheathraichean agus a phàrantan, no

dithis bhràithrean agus a phàrantan

(30 seconds)

2. Càite an robh iad?

(30 seconds)

3. Ciamar a shiubhail iad à Glaschu a Shasainn?

(30 seconds)

4. (a) Cò ris a bha am bàta coltach a rèir Sheonaidh?

(30 seconds)

(b) Ainmich **tri** rudan a bha air bòrd a' bhàta.

(30 seconds)

5. Dè an **dà** rud a bha diofraichte do athair Sheonaidh a thaobh an dràibhidh?

(30 seconds)

Pàirt II

Bha e dubh, dorcha nuair a ràinig sinn an t-ionad-campachaidh agus bha uallach mòr air mo mhàthair gum biodh e doirbh dhuinn an teanta a chur suas. Ach, bha an teanta suas romhainn agus abair teanta! Bha àite-cadail suas aon taobh le leapannan agus air an taobh eile, bha frids, preasa, cucair, bòrd agus sèithrichean. Cha robh againn ach na pocannan-cadail againn a lorg agus leum dhan leabaidh.

Anns a' mhadainn, bha a' ghrian a' deàrrsadh agus fhuair sinn cothrom deagh shùil a ghabhail mun cuairt an ionad-campachaidh. Bha a h-uile goireas againn – dà amar-snàmh, locha le bàtaichean beaga agus iasgach, baidhsagalan air mhàl, àiteachan-bìdhe, bùth agus rùm le diofar gheamannan. Cha robh fios againn càite an tòisicheamaid! Cha robh an dà sheachdain fada a' dol seachad. Chòrd e ris a h-uile duine cho math 's gu bheil sinn am beachd tilleadh an ath-bhliadhna.

(10 seconds)

[Tionndaidh an duilleag

CEISTEAN

6. Carson a bha uallach air màthair Sheonaidh?

(30 seconds)

7. Carson nach robh seo na dhuilgheadas sam bith?

(30 seconds)

8. Dè na bha aca ri dhèanamh mus deach iad dhan leabaidh?

(30 seconds)

9. Ainmich **tri** goireasan a bha aca anns an ionad-champachaidh.

(30 seconds)

10. Dè tha sealltainn cho math 's a chòrd na làithean-saora ris an teaghlach?

(30 seconds)

Passage B should be read twice, with an interval of 2 minutes between each reading, to allow candidates to study the questions.

(The passage should be read in approximately 2 minutes.)

EARRANN B

Hai! Is mise Amy. Tha mise dìreach air tilleadh bho sheachdain aig ionad-spòrs shuas faisg air a' Ghearastan. Bha dà dhuine dheug againn anns a' bhuidhinn uile gu lèir agus bha sinn a' fuireach ann an ostail airson a' mhòr-chuid den ùine. Fhuair sinn cothrom diofar spòrsan fheuchainn nuair a bha sinn an sin. Ach b' e an rud a b' fhèarr a chòrd rium an oidhche a chuir sinn seachad a' campachadh a-muigh.

An dèidh ar bracaist a ghabhail madainn Dimàirt, thòisich sinn ri dèanamh deiseil. Bha aig gach duine againn ri biadh dà latha, poca-cadail agus poca dìonach plastaig a thoirt leinn. Dh'fheumamaid brògan làidir agus aodach a chumadh a-mach an t-uisge a chur oirnn cuideachd.

B' e am plana gun seòlamaid suas gu ceann an locha, gun cuireamaid seachad an oidhche an sin agus gun coisicheamaid dhachaigh an ath latha.

Dh'fhalbh sinn goirid an dèidh dà uair feasgar agus chaidh trì uairean a thìde seachad mus do ràinig sinn ar ceann-uidhe. Shlaod sinn na bàtaichean suas air a' chladach agus thòisich sinn a' lorg fiodh agus uisge airson biadh an fheasgair a dheasachadh.

Cha b' fhada gus an robh teine mòr a' dol againn agus abair gun do chòrd ar biadh rinn an dèidh a bhith ag obair cho cruaidh. Dh'ith sinn isbeanan agus buntàta. Chuir sinn seachad an còrr den fheasgar a' còmhradh agus a' seinn timcheall an teine gus an do thuit an oidhche. An uair sin, leum sinn dha na pocannan-cadail, le poca plastaig air an uachdar.

Bha uallach orm nach b' urrainn dhomh cadal a-muigh ach an dèidh còig mionaidean a' coimhead nan rionnagan os mo chionn, bha srann agam.

Cha robh sinn fada a' dèanamh deiseil an ath mhadainn - a h-uile càil anns na bagannan, an teine às agus bha sinn air an rathad, dusan mìle air ais dhan ostail. Sinn a bha sgìth nuair a ràinig sinn ach bha sinn glè mhoiteil gun do rinn sinn an gnothach.

[CRÌOCH NAN EARRANN]

[DUILLEAG FHALAMH]

[DUILLEAG FHALAMH]

[DUILLEAG FHALAMH]